



Teisteanais
Nàiseanta
EISIMPLEIR A-MHÀIN

S849/76/12

**Nuadh-eòlas
Pàipear 2**

Deit — Gun bhuinteanas

Ùine — 1 uair agus 35 mionaid

Comharran gu lèir — 28

Feuch na ceistean UILE

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* S 8 4 9 7 6 1 2 *

Ceist 1

Thoir sùil mhionaideach air Stòran A, B agus C agus an uair sin feuch air a' cheist a leanas.

Stòr A

Reifreann neo-eisimeileachd na h-Alba

Bha Reifreann Neo-eisimeileachd na h-Alba sònraichte airson grunn adhbharan. An toiseach, thug e bhòt do dhaoine aois 16 agus 17 airson a' chiad uair. Cuideachd, nam biodh e air a bhith soirbheachail, bhiodh e air an Rìoghachd Aonaichte, a bha 300 bliadhna a dh'aois, a bhriseadh an-àirde. Mu dheireadh, bha e sònraichte airson na h-ìre àird de dheasbad agus ùidh phoilitigeach ann an Alba rè na h-iomairt.

Thar gach 32 sgìre comhairle ann an Alba, ghabh 85% de luchd-bhòtaidh pàirt agus nuair a chaidh na bhòtaichean uile a chunntadh, bha an toradh soilleir: bha Alba air roghnachadh fuireach na pàirt den Rìoghachd Aonaichte le diofar de 55% gu 45%. Chuireadh còrr is 3·6 millean bhòtaichean. Thagh beagan is 2 mhillean neach-bhòtaidh an X a chur sa bhogsa CHA BU CHÒIR mar fhreagairt don cheist 'Am bu chòir do dh'Alba a bhith na dùthaich neo-eisimeileach?'

Anns na làithean agus na seachdainean a lean, dh'fheuch luchd-saidheans poilitigeach ri innse carson a bhòt daoine mar a rinn iad. Ged a bha an tionndadh a-mach cuibheasach 85%, bha am figear seo eadar-dhealaichte eadar sgìrean le diofar phròifilean sòisio-eaconamach. A-mach à 32 sgìrean comhairle na h-Alba, bhòt ceithir BU CHÒIR. Is e an rud as suaicheanta mu na ceithir sgìrean sin gu robh ìrean àrda de bhoichdainn agus ana-cothrom sòisealta annta uile.

Bheachdaich mòran air aois mar fhactar a thug buaidh air bhòtadh, gu h-àraidh o a chionn gu robh cead aig daoine aois 16 agus 17 bhòtadh. Ach, 's dòcha gur e co-dhùnaidhean luchd-bhòtaidh nas sine a bha cudromach seach daoine nas òige, gu h-àraidh leis gu bheil luchd-bhòtaidh nas sine nas dualtaiche a dhol a-mach a bhòtadh. Bha coltas gun robh buaidh na bu mhotha aig argamaidean na h-iomairt CHA BU CHÒIR air luchd-bhòtaidh boireann.

Ceist 1 Stòr A (a' leantainn)

**Toradh agus tionndadh a-mach
Reifreann neo-eisimeileachd na h-Alba (roinnean taghte)**



Roinn	Bu chòir (%)	Tionndadh a-mach (%)
Baile Obar Dheathain	41·4	81·7
Siorrachd Obar Dheathain	39·6	87·2
Baile Dhùn Dè	57·4	78·8
Dùn Bhreatainn an Ear	38·8	91
Siorrachd Rinn Friù an Ear	36·8	90·4
Dùn Èideann	38·9	84·4
Glaschu	53·5	75
Siorrachd Lannraig a Tuath	51·1	84·4
Peairt agus Ceann Rois	39·8	86·9
Dùn Bhreatainn an Iar	54	87·9

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 1 (a' leantainn)

Stòr B

Ciamar a bhòt thu ann an Reifreann neo-eisimeileachd na h-Alba?



Ceist 1 (a' leantainn)

Stòr C

Taisbeanairean sòisealta agus eaconamach (roinnean taghte)

	Ìre cosnaidh (%)	Ìre cion-cosnaidh (%)	% bochdainn cloinne san roinn
Baile Obar Dheathain	77.3	1.4	18
Siorrachd Obar Dheathain	78.6	0.6	14
Baile Dhùn Dè	61.4	4.4	28
Dùn Bhreatainn an Ear	77.1	1.4	13
Siorrachd Rinn Friù an Ear	74.2	1.4	15
Dùn Èideann	71.7	2.2	21
Glaschu	63.3	4.2	33
Siorrachd Lannraig a Tuath	70.2	3.8	25
Peairt agus Ceann Rois	75.3	1.6	17
Dùn Bhreatainn an Iar	65.2	4.3	25

Feuch a' cheist a leanas a' cleachdadh fiosrachadh a-mhàin bho Stòran A, B agus C air duilleagan 02, 03, 04 agus gu h-àirde.

Dè na co-dhùnaidhean as urrainnear a ruighinn mu thoradh air Reifreann neo-eisimeileachd na h-Alba?

- buaidh bochdainn agus ana-cothrom sòisealta air cleachdaidhean bhòtaidh
- buaidh aoise air cleachdaidhean bhòtaidh
- an ceangal eadar tionndadh a-mach agus bhòtadh roinneil.

Feumaidh tu cuideachd a thighinn gu co-dhùnadh air dè an rud a thug a' bhuaidh bu mhotha air toradh Reifreann neo-eisimeileachd na h-Alba.

10

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 2

Dèan sgrùdadh air Stòran A, B agus C agus an uair sin feuch air a' cheist a leanas.

Stòr A

'Rìochdairean cèin' na Ruis



Ann an 2012 ghabh pàrlamaid na Ruis ri lagh a thuirt gum feumadh buidhnean iomairt clàradh mar 'rìochdairean cèin' le Ministreachd a' Cheartais nam biodh iad a' dol an sàs ann an 'iomairt phoilitigeach' agus a' faighinn airgead bho thall thairis. Tha am mìneachadh laghail air iomairt phoilitigeach cho farsaing agus neo-shoilleir 's gun robh e a' buntainn ri cha mhòr a h-uile buidheann iomairt san Ruis.

Bha na h-ùghdarrasan Ruiseanach a' cur luchd-iomairt an grèim agus gan sàrachadh, chuir iad stad air meadhanan neo-eisimeileach air-loidhne agus mhol iad ceumannan a chuireadh barrachd bacadh air saorsa cainnte. Bho chionn ghoirid dh'fhoillsich meadhanan a tha a' toirt taic don riaghaltas stuth a chuir coire air Riaghaltas na h-Ugràine airson a' chogaidh shìobhalta san dùthaich sin, a' feuchainn ri aire a thoirt air falbh bho mar a bhris an Ruis a-steach air, agus a ghabh iad thairis, Crimea.

Anns an Ruis tha 'rìochdaire cèin' a' ciallachadh 'neach-brathaidh' no 'traoithear'. Cha robh teagamh sam bith aig na buidhnean a bha a' strì airson saorsa poilitigeach nach robh an lagh ag amas air an cliù a mhilleadh, agus an sluagh a thionndadh nan aghaidh. Dhiùlt an iomadh buidheann san Ruis a bha a' strì airson chòraichean daonna gèilleadh ris an lagh, ag ràdh gu robh e 'tuaileasach'. Thàinig air mòran de na buidhnean sin sgaoileadh agus chaidh mòran de na ceannardan aca a dhìteadh airson a bhith a' diùltadh clàradh mar rìochdaire cèin. Anns na làithean a dh'fhalbh, dh'fhaodadh gu faigheadh daoine mar seo binn bàis ach cha do chuir an Ruis duine sam bith gu bàs bho 1996.

Anns an Lùnastal 2013, thug ceithir buidhnean dùbhlán don lagh ann an Cùirt Bun-reachdail na Ruis. Air 8 Giblean 2014 sheas a' chùirt leis an lagh, a' riaghladh nach robh ciall dhona aig an abairt 'rìochdaire cèin', agus mar sin nach robhas ga cleachdadh gus mì-chliù no geur-leanmhainn a dèanamh air duine sam bith. Fhuair a' chùirt cuideachd gu robh ainmeachadh bhuidhnean iomairt mar rìochdairean cèin gu leas tèarainteachd na stàite agus nach do chuir e bacadh air a' chòir a bhith ri iomairt. Tha mòran riaghaltasan cèin air an riaghladh a chàineadh gu dona.

Ceist 2 (a' leantainn)



(7 = tha còirichean glè lag aig daoine, 1 = tha còirichean glè làidir aig daoine)

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 2 (a' leantainn)

Stòr C

Aithisg bhliadhnail 2014

'Chan eil uiread de ghearanan air a bhith ann bho Ruiseanaich a thaobh briseadh chòraichean daonna', thuirt neach-labhairt an Riaghaltais, Vladimir Lukin, anns an aithisg bhliadhnail aige. Thuirt e gun robh còrr is dàrna leth nan gearanan a fhuair e an-uiridh mu bhriseadh chòraichean sìobhalta agus saorsa. Bha an àireamh de ghearanan mu chòraichean poilitigeach cuibheasach beag, agus chaidh gearanan mu shaorsa creideimh agus saorsa cogais sìos 10%.

Ann an 2014, fhuair oifisean Mgr Lukin 24,000 gearan; ann an 2012 b' e am figear 58,000.

Bha iomagain air mòran dhaoine mu bhriseadh an còraichean pearsanta, cuid eile a' gearan mu dheidhinn riaghlaidhean cùirte mì-chothromach; bha còrr air dàrna leth nan litrichean (56%) a' gearan mu na cùirtean agus bha faisg air cairteal de na gearanan mu dheidhinn mì-ghnàthachadh leis a' phoileas no luchd-obrach phrìosan. A thaobh ghearanan poilitigeach, bha iad a' dèanamh suas 2% den iomlanachd. Mhol Lukin aithisg o chionn ghoirid leis an Aonadh Eòrpach a chuir meal-a-naidheachd air an Ruis airson cùisean-cùirte le diùraidh a leudachadh air feadh na Ruis agus dàil a chur ann an cleachdadh a' pheanas bàis.

Nuair a chuir e an aithisg aige chun a' Cheann-suidhe Vladimir Putin, thog Lukin cùis nan sgrùdaidhean a bha gan dèanamh fad is farsaing air buidhnean chòraichean daonna, a thòisich sna seachdainean a chaidh seachad. Dhearbh Lukin ris an luchd-naidheachd nach robh eagal ro bhuidhnean iomairt poilitigeach agus gun robh an còir iomairt aca air a dhìon le lagh na Ruis.

Feuch a' cheist a leanas a' cleachdadh fiosrachadh a-mhàin bho Stòran A, B agus C air duilleagan 06, 07 agus gu h-àirde.

Gu dè an ìre a tha e ceart a ràdh gum bi an Ruis a' dìon chòirichean a sluaigh gu h-èifeachdach?

Ceist 3

Dèan sgrùdadh air Stòran A, B agus C agus an uair sin feuch air a' cheist a leanas.

Stòr A

Agallamh le jihadi Breatannach ann an Sioria

Dè a thug ort an Rìoghachd Aonaichte fhàgail? Dè an t-adhbhar bu mhotha a bh' agad?

Gus tighinn gu Sioria. Gus *dar al kufr* [tìr nam mì-chreidmheach] fhàgail.

Carson a tha thu a-muigh ann an Sioria?

Gus creideamh Allah a sgaoileadh agus Muslamaich a chuideachadh. Is urrainn dhomh Arabais agus Beurla a bhruidhinn. Sin an aon sgil a th' agam. Tha mi air oidhirp a dhèanamh gus riaghaltas Sioria a thoirt sìos. Sin uileas a tha mi airson a ràdh.

An do ghabh thu ann an Isis?

Chan eil mi ann an Isis ach tha mi a' creidsinn anns an lagh Sharia. Tha mi den bheachd gum bu chòir dhuinn a bhith a' leantainn loslam mar a rinn a' chiad Mhuslamaich. Tha mi a' smaoineachadh cuideachd, a dh'aindeoin dè a chanas mi, gum bi na meadhanan a' cur car nam fhaclan, agus a' dèanamh barrachd far-ainmean dhomh, air sgàth cho falamh 's a tha am beatha fhèin.

Dè tha thu a' saòilsinn de Isis? An urrainn dhut beachd a thoirt dhuinn mu na tha a' dol air adhart ann an Sioria le Isis? O chionn ghoirid chuir iad bhidio a-mach ag ràdh gun dèanadh iad ionnsaigh air an Rìoghachd Aonaichte – dè do bheachd air sin?

Tha mise a' leantainn mo shlighe fhèin. Chan eil mòran aire agam air dè tha Isis a' dèanamh. Cuideachd, agus is dòcha gu saoil thu seo neònach, seo a' chiad uair a dh'innis cuideigin dhomh gun do mhaoidh iad ionnsaigh a thoirt air an Rìoghachd Aonaichte, rud car maslachail dhòmhsa agus mi ann an Sioria — shaoileadh tu gun cluinninn na rudan sin. Nan sguireadh Breatainn a' bomadh Mhuslamaich ann an Sioria, cha bhiodh na Muslamaich ann an Sioria a' toirt ionnsaigh orra. A bheil sin doirbh a thuigsinn?


Stòr: An Independent, *agallamh 'Jihadi Jack' Letts: Tha fear a chaidh dhan sgoil ann an Oxford ag iarraidh air muinntir Bhreatainn tionndadh gu loslam agus ag ràdh gu e 'creutair olc' a th' ann an Dàibhidh Camshron le Shebab Khan, foillsichte 30 Faoilleach 2016.*

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 3 (a' leantainn)

Stòr B

**Suirbhidh-bheachd phoblach: cùisean mu choinneamh Bhreatainn
Nad bheachd-sa, dè na cùisean a tha mu choinneamh na Rìoghachd
Aonaichte an-diugh?**



Stòr: Rinn Ipsos MORI agallamh le sampall cuota riochdachail de 1,011 inbheach aois 18+ air feadh Bhreatainn, 7–20 Faoilleach 2016.

Ceist 3 (a' leantainn)

Stòr C

Làrach-lìn Seanail 4



Stòr: Làrach-lìn Naidheachdan Seanail 4, 'A bheil fios againn carson a tha sinn ann an Afganastan?' Le Jon Snow, foillsichte 28 Iuchar 2009.

Feuch a' cheist a leanas a' cleachdadh fiosrachadh a-mhàin bho Stòran A, B agus C air *duilleagan 09, 10 agus gu h-àirde*.

Ge dè an ìre as urrainn dhuinn earbsa a chur ann an Stòran A, B agus C?

Feumaidh tu co-dhùnadh iomlan a thoirt seachad air an stòr fiosrachaidh as earbsaiche.

8

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR EISIMPLEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Aithneachadh Dlighe-sgrìobhaidh

Ceist 1 Ainm an neach-ealain/shutterstock.com

Ceist 3 Stòr A – Artaigil air atharrachadh bho “Agallamh ‘Jihadi Jack’ Letts: Tha fear a chaidh dhan sgoil ann an Oxford ag iarraidh air muinntir Bhreatainn tionndadh gu Ioslam agus ag ràdh gur e ‘creutair olc’ a th’ ann an Dàibhidh Camshron”, a chaidh a thoirt bhon Independent, 30 Faoilleach 2016. Air ath-riochdachadh le cead an Independent. © The Independent.

Ceist 3 Stòr B – Graf air atharrachadh bho “Cùisean a tha mu choinneamh Bhreatainn – Nad bheachd-sa, dè na cùisean a tha mu choinneamh na Rìoghachd Aonaichte an-diugh?” le Ipsos MORI. Air ath-riochdachadh le cead còir Ipsos MORI.

Ceist 3 Stòr C – Dealbh-camara de làrach-lìn Naidheachdan Seanail 4 – “A bheil fios againn carson a tha sinn ann an Afganastan?” le Jon Snow, 28 Iuchar 2009.

Tha SQA air a h-uile oidhirp a dhèanamh a bhith a’ lorg luchd-seilbh stuthan fo dlighe-sgrìobhaidh anns a’ phàipear ceist seo, agus ceadan a shireadh. Bidh sinn toilichte aithne sam bith a tha a dhìth a chur na lùib. Cuiribh fios gu question.papers@sqa.org.uk.

Published: June 2025

Change since last published:

Duration extended.